

Tionnsgnaidhean Gàidhlig

Tha coimhearsnachdan na Gàidhlig an dèidh atharrachadh gu luath agus gu h-ìomallan aig toiseach na h-aona linn air fhichead. Tuigear a-nis nach bi suidheachaidhean ‘nàdarra’ againn tuilleadh far am b’ urrainn dhuinn a’ Ghàidhlig a bhruidhinn gun obair fhèin-mhothachail, agus ma tha sinn ag iarraidh a’ Ghàidhlig a labhairt anns an t-saoghal ùr seo, feumaidh sinn uile oidhirp a dhèanamh gus suidheachaidhean a chruthachadh far a bheil bruidhinn na Gàidhlig na h-àbhaist: anns an dachaigh, ann am foghlam, aig obair, agus gu mì-fhoirmeil, am measg charaidean agus chàirdean.

Mar thoradh air an t-suidheachadh ùr seo, tha fèin-aithne na Gàidhlig a’ sìor fhàs nas ceangailte ri iomairteachd às leth a’ chànain. Gus a bhith nad Ghàidheal anns an aona linn air fhichead, tha e a’ ciallachadh gum feum sibh sìor iomairt gus a’ Ghàidhlig a neartachadh mun cuairt oirbh fhèin nur beatha. Gu dearbh, ’s e sin an aon dòigh a bhios cothrom agaibh a’ Ghàidhlig a bhruidhinn anns an linn ùir a tha romhainn.

Ach ciamar a nithear seo? Dè na sgilean eadar-phearsanta a tha a dhìth gus a’ Ghàidhlig a bhrosnachadh ann an saoghal far a bheil an cànan againn cho lag agus tearc mar mheadhan conaltraidh agus far a bheil na labhraichean Gàidhlig eile nar beatha tric gun chus misneachd a thaobh bruidhinn a’ chànain? Anns an earrainn seo dhen mhodal, *Iomairteachd Chànain*, nì sibh deuchainnean (no probhaidhean) prataigeach air a’ cheist seo. Cuiridh sibh uile dà thionnsgnadh Gàidhlig air chois air àrainn na Colaiste, fear san fhoghar agus fear eile san earrach, agus feuchaidh sibh, ciamar a shoirbhicheas leis na h-iomairtean seo? Dè na sructaran a dh’fheumas sinn cur air dòigh gus a’ Ghàidhlig a neartachadh aig a’ Cholaiste? Ciamar a thèid na h-oileanaich agus an luchd-obrach a bhrosnachadh gus a’ Ghàidhlig a chleachdadh mar mheadhan-conaltraidh àbhaisteach sòisealta?

Eachdraidh

Tha na tionnsgnaidhean Gàidhlig aig SMO stèidhichte air eisimpleir nam prògraman anns na Scéimeanna Cónaithe (Sgeamaichean Còmhnaidh) ann an Èirinn. Tha na Scéimeanna Cónaithe nan àiteachan-fuirich anns na h-oilthighean ann an Èirinn far am bruidhinn na h-oileanaich Gàidhlig na h-Èireann, agus mar phàirt dhe na sgeamaichean seo, cuiridh na h-oileanaich tionnsgnaidhean air dòigh gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh air feadh nan oilthighean aca. Tha na sgeamaichean seo air a bhith gu math soirbheachail, agus gu sònraichte, tha na tionnsgnaidhean Gàidhlig air cur gu mòr ri cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig anns na h-oilthighean ann an Èirinn.

Cothroman

Tha beartas de ghoireasan aig a’ Cholaiste a dh’fhaodadh sibh cleachdadh nur tionnsgnaidhean, m.e.: tallaichean, seòmraichean, teicneòlas-craolaidh, cidsinean, goireasan coimpiutaireach, agus mar sin air adhart. Ma tha sibh ag iarraidh goireasan na Colaiste a chleachdadh ann an tionnsgnadh, dèanaibh cinnteach gum bruidhinn sibh ri ceannard na roinne iomchaidh fada ro làimh.

Ann am prionnsabail, tha a h-uile duine aig Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh a' Ghàidhlig a bhruidhinn, ge b' e air bith dè cho diùid 's a tha iad uime no dè cho doirbh 's a tha e dhaibh. Mar sin, thathar an dùil, leis a' bhrosnachadh cheart, gum b' urrainnear tionnsgnaidhean Gàidhlig a chur air dòigh aig a' Cholaiste a shoirbhicheas. 'S e seòrsa 'àite sàbhailte' no 'tèarmann' a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig dhan Ghàidhlig agus do labhraichean na Gàidhlig, agus mar sin, cha bu chòir leisg a bhith oirbh idir tionnsgnaidhean làidir a chur air dòigh às leth na Gàidhlig am broinn na Colaiste.

Dùbhlanan

Tha leisg air mòran ge-tà a' Ghàidhlig a bhruidhinn aig a' Cholaiste. Feumaidh sibh smaoineachadh air na dòighean a bhios na tionnsgnaidhean agaibh a' brosnachadh oileanach agus luchd-obrach gus Gàidhlig a bhruidhinn gu sònraichte. Ma tha an dealbh agaibh ceòthach air a' phuing seo, tha e gu math coltach gun tèid a' Bheurla a bhruidhinn seach a' Ghàidhlig.

Tha e garbh doirbh oileanaich agus luchd-obrach a tharraing gu tachartasan aig a' Cholaiste. Tha SMO cho beag agus tha mòran a' dol air adhart aig a' Cholaiste gach seachdain. Feumaidh dealbh soilleir a bhith agaibh air ciamar a thèid daoine a tharraing dhan tionnsgnaidhean agaibh, ge b' e dè seòrsa tachartasan a th' annta.

Chan eil maoinachadh idir mu choinneimh nan tionnsgnaidhean agaibh. Molar gun lorg sibh tionnsgnaidhean a chuirear air cois gun cosgais idir, air no, is dòcha, gun tog sibh beagan airgid mar phàirt dhe na tionnsgnaidhean agaibh.

Stiùireadh

1. Dh'fhaodadh sibh na tionnsgnaidhean agaibh a chur air dòigh le taic bho Chomann nan Oileanach, no le taic bho luchd-obrach na Colaiste, ach feumaidh sibh fhèin a bhith aig an stiùir agus an ceann chùisean.
2. Faodaidh sibh obair ri chèile. Gu dearbh, molar gu làidir gun toir sibh taic dha chèile anns na tionnsgnaidhean agaibh, ach feumaidh aon tionnsgnadh fa-leth a bhith aig gach oileanach gach seimeastair agus feumaidh e a bhith soilleir cò tha os cionn nan tionnsgnaidhean eadar-dhealaichte.
3. Thathar an dòchas gun gabh daoine mòran spòrs anns na tachartasan a chuireas sibh air dòigh, ach aig deireadh an latha, 's e an rud as cudromaich a th' ann gun seall sibh ciamar a bhios na tionnsgnaidhean agaibh a' brosnachadh *cleachdadh na Gàidhlig* gu sònraichte. Chan eil sibh ag amas air tachartasan sòisealta *per se*, ach air tachartasan far a bheil cleachdadh na Gàidhlig gu soilleir aig cridhe na cùise.
4. Dh'fhaodadh na tionnsgnaidhean agaibh a bhith sreathach (sreath de choinneamhan de chlub leabhair mar eisimpleir) no nan tachartasan aon-uair (farpais nan ceist anns an Talla Mhòr mar eisimpleir), a rèir nan amasan agaibh. Thathar an dùil, ge-tà, gum bi na tachartasan a thachras dìreach aon-uair nas motha agus a' tàladh mòran daoine.

5. Tha e glè mhath ma thig oileanaich eile bho Ghàidhlig is Conaltradh dha na tachartasan agaibh (faicibh puing 2), ach tha e nas fheàrr buileach ma thig oileanaich air cùrsaichean eile agus luchd-obrach na Colaiste cuideachd.
6. Dèanaibh cinnteach gu bheil dealbh gu math soilleir agaibh air ciamar a thèid cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh anns na tionnsgnaidhean agaibh agus ciamar a thèid cleachdadh na Gàidhlig a thomhas annta. Na bithibh ceòthach air na puingean seo.

Beachdan

farpais nan ceist (pub quiz)	turas coiseachd	buidheann fhighhe
grad shuirghe (speed dating)	clas còcaireachd	seòmar-teichidh
Karaoke Gàidhlig	clas iòga	pàrtaidh dìomhaireachd-mhuirt
club leabhair	farpais dheasbaid	clas bhèicearachd
farpais ball-coise	iomairt D&D	buidheann iomairt
cearcall còmhraidh	buidheann-sgrìobhaidh	suap aodaich
oidhche gheamachan-bùird	club ruith	còmhlan rap
buidheann dràma	iris	buidheann charthannais

Clàr-ama — Seimeastair 1

Seachdain 1	Thigibh a-steach le beachd air tachartas agus nì sinn uile fras-inntinne ri chèile air na dùbhlanaidhean agus na cothroman an cois nan diofar mholaidhean.
Seachdain 2	Thigibh a-steach le geàrr-chunntas air a' mholadh agaibh (< 400 facal) agus nì sinn meòrachadh orra ri chèile.
Seachdain 3	Nì gach duine òraid ghoirid air na planaichean aca.
Seachdain 4 – 7	(An Dàmhair) Cuiridh sibh na tionnsgnaidhean agaibh an sàs.
Seachdain 8	Nì gach duine òraid fhoirmeil air soirbheas an tionnsgnaidh aca mar mheasadh.

Clàr-ama — Seimeastair 2

Rè na Nollaige	Smaoinichibh air tionnsgnadh ùr dhan dàrna seimeastair agus sgrìobhaibh òraid dhealbhadh uime.
Seachdain 13	Nì gach duine òraid ghoirid air na planaichean aca.
Seachdain 13 – 16	Cuiridh sibh na tionnsgnaidhean agaibh an sàs.

Seachdain 17

Nì gach duine òraid fhoirmeil air soirbheas an tionnsgaidh aca mar mheasadh.

Na h-Òraidean Dealbhaidh

1. Cha bhi ach deich mionaidean agaibh, agus mar sin, feumaidh an òraid agaibh a bhith gu math sgiobalta rianail. Dèanaibh cinnteach gun ruith sibh thairis air an òraid agaibh iomadh turas ro làimh, agus gun tìm sibh an ruith-thairis agad, a' dèanamh cinnteach nach bruidhinn sibh ro fhada.
2. Molar nach sgrìobh sibh sgrìobta slàn, ach gun dèan sibh na h-òraidean agaibh bho nòtaichean.
3. Molar gun dèan sibh taisbeanaidhean Power-Point an taic ris na h-òraidean agaibh.
4. Aig a' char as lugha, dèanaibh cinnteach gum freagairt sibh na ceithir ceistean a leanas:
 - a. Nur barail, ciamar a tha cleachdadh na Gàidhlig nas laige na dh'fhaodadh e a bhith? Dè tha a' dol ceàrr a thaobh cleachdadh na Gàidhlig aig a' Cholaiste an-dràsta?
 - b. Ciamar a bhios an tionnsgnadh agaibh a' neartachadh na Gàidhlig aig a' Cholaiste anns an t-seagh seo?
 - c. Dè an dealbh a th' agaibh dhan tionnsgnadh gu mionaideach? Ciamar a thèid oileanaich agus/no luchd-obrach a thàladh dhan tionnsgnadh? Ciamar a nì sibh cinnteach gun tèid a' Ghàidhlig a bhruidhinn?
 - d. Ciamar a nì sibh tomhas air soirbheas an tionnsgaidh? Dè na slatan-tomhais a chleachdas sibh?

Na h-Òraidean Measaidh

1. Cha bhi ach *còig* mionaidean agaibh, fiù 's nas lugha na an òraid dhealbhadh agaibh, agus mar sin, feumaidh sibh a bhith gu sònraichte sgiobalta rianail.
2. Molar nach sgrìobh sibh sgrìobta slàn, ach gun dèan sibh na h-òraidean agaibh bho nòtaichean.
3. Molar gun dèan sibh taisbeanaidhean Power-Point an taic ris na h-òraidean agaibh.
4. Aig a' char as lugha, dèanaibh cinnteach gum freagairt sibh na ceithir ceistean a leanas:
 - a. Dè an t-amas a bh' agaibh dhan tionnsgnadh?
 - b. Dè an dealbh a bh' agaibh ro làimh?
 - c. Ciamar a shoirbhich leis an tionnsgnadh, agus ciamar a thomhais sibh a shoirbheas?
 - d. Dè dhèanadh sibh eadar-dhealaichte an ath thuras?
5. 'S e measadh foirmeil a tha seo, agus thèid ur comharrachadh a thaobh fuaimneachadh, gràmar, libhrigeadh agus brìgh, mar a leanas:
 - e. Fuaimneachadh — Cha tèid ur measadh air blas idir, ach air fuaimneachadh agus air prosaid gu sònraichte. Le fuaimneachadh agus prosaid, thathar a' ciallachadh an do rinn sibh diofar soilleir eadar R caol agus R leathann; an robh na fuaimreagan fada agaibh da-rìribh fada; an do rinn sibh diofar soilleir eadar na fuaimean suathaidh air CH, GH, agus DH; agus mar sin air adhart. Thèid na fuaimean Gàidhlig seo a dhèanamh gu soilleir ann am blas sam bith: blas Leòdhais, Uibhist, Dhùn Èideann, Cheap Breatainn no Seattle.
 - f. Gràmar — Le òraid acadaimigeach, thathar an dùil ri gràmar a tha reusanta traidiseanta: an do chleachd sibh na tuissealan gu ceart, e.g.: bunasach, tabhartach, ginideach, singilte agus iolra; an do chleachd sibh na tràthan gu ceart; an do rinn sibh diofar ceart eadar na gnìomhairean IS agus BI, agus mar sin air adhart.
 - g. Libhrigeadh — An do bhruidhinn sibh gu soilleir àrd? An robh e coltach gun do rinn sibh ullachadh agus ruith-thairis ro làimh? An do rinn sibh Powerpoint grinn, soilleir an taic ris an òraid agad?
 - h. Brìgh — A robh e coltach gun do chuir sibh mòran smaoineachaidh anns an tionnsgnadh agaibh? An do thaisbein sibh dealbh soilleir dhan tionnsgnadh? An do thaisbein sibh fianais shoilleir air a' bhuidhe a thug an tionnsgnadh air cleachdadh na Gàidhlig? A robh beachd soilleir agaibh air dè dh'obraich agus air dè nach do dh'obraich cho math 's a bha sibh an dòchas? Cha tèid ur measadh idir air cho 'soirbheachail' 's a bha an tionnsgnadh agaibh, ach an do thuig sibh carson a shoirbhich leis no nach do shoirbhich, agus an robh molaidhean agaibh air dè dhèanadh sibh eadar-dhealaichte an ath thuras.